

Geàrr-chunntas air toraidhean an sgrùdaidh-sgoile

Sgoil-àraich Bhràghad Albainn – Breadalbane Academy Nursery Class

Comhairle Pheairt is Cheann Rois

5 An Cèitean 2026

Tha Luchd-sgrùdaidh an Rìgh air fianais a thional gus ar comasachadh luachadh a dhèanamh air obair Thràth-bhliadhnaichean is Cùraim-Chloinne le bhith a' cleachdadh trì slatan-tomhais deagh ghnè à Frèam-obrach Leasachadh Càileachd airson nan raointean tràth-ionnsachadh is cùram-chloinne. Tha an sgrìobhainn seo a' toirt seachad geàrr-chunntas air na toraidhean againn.

Prìomh fhiosrachadh co-theacsail

Tha Sgoil-àraich Bhràghad Albainn – Breadalbane Academy Nursery Class na pàirt de Champas Coimhearsnachd Bhràghad Albainn, a tha a’ frithealadh clann eadar 2 is 18 bliadhna a dh’aois. Tha an campas a’ gabhail a-steach sgoil-àraich tro mheadhan na Beurla agus sgoil-àraich tro mheadhan na Gàidhlig. Tha an sgoil-àraich tro mheadhan na Beurla suidhichte ann an seòmar-cluiche mòr, a chaidh a thogail a dh’aona-ghnothach, le cothrom air àrainn shàbhailte a-muigh. Tha an sgoil-àraich tro mheadhan na Gàidhlig stèidhichte ann an seòmar-cluiche beag. Thairis air a’ ghrunn mhìosan ri thighinn, thathar a’ planadh gum bi obraichean-togail a’ tòiseachadh gus àrainn a-muigh a chruthachadh air am bi cothrom gu dìreach bhon sgoil-àraich Ghàidhlig, a bharrachd air goireasan toidhleat ùra. Tha a h-uile pàiste sgoil-àraich a’ faighinn buannachd à na goireasan ioma-chuimseach sa champas.

Tha an sgoil-àraich clàraichte airson 70 clann uile gu lèir, bho aois 2 gu ruige na h-aois far an tòisich iad ann am bun-sgoil. Tha an clàradh a’ sònrachadh nach fhaod barrachd is 12 pàiste eadar aois 2 agus 3 a bhith san sgoil-àraich. Tha an sgoil-àraich fosgailte airson 45 seachdainean gach bliadhna. Tha an sgoil-àraich tro mheadhan na Beurla a’ dèiligeadh ri 44 clann aig a bheil cothrom air na 1140 uairean-a-thìde aca tro chaochladh phàtranan frithealaidh. Tha an sgoil-àraich tro mheadhan na Gàidhlig a’ dèiligeadh ri 15 clann. Air sàilleibh nan dùbhlann a thaobh luchd-obrach le Gàidhlig a thrusadh, tha a h-uile pàiste a’ frithealadh na sgoil-àraich tro mheadhan na Gàidhlig air Dimàirt, Diciadain agus Diardaoin bho 9m gu 3f, ach chan fhaod ach 10 chloinne frithealadh air Diluain is Dihaoine bho 9m gu 3f. Tha an dà sgoil-àraich air an stiùireadh le ceannard a’ champais. Tha cha mhòr an dàrna leth de chlann nan sgoiltean-àraich a’ fuireach ann an coimhearsnachdan a tha Comhairle Pheairt is Cheann Rois a’ comharrachadh mar sgìrean far a bheil daoine nas buailtiche a bhith a’ dèiligeadh ri anacothrom sòisio-eaconamach an coimeas ri inbhean nàiseanta.

Tha an luchd-obrach san sgoil-àraich tro mheadhan na Beurla a’ gabhail a-steach prìomh-thidsear, a chaidh a chur san dreuchd o chionn ghoirid, a tha air ceann na dà sgoil-àraich agus aig a bheil dleastanasan cuideachd sa bhun-sgoil. Tha an luchd-obrach cuideachd a’ gabhail a-steach tidsear pàirt-ùine, còignear luchd-cleachdaidh thràth-bhliadhnaichean agus triùir luchd-cuideachaidh cluiche. Tha luchd-obrach na sgoil-àraich tro mheadhan na Gàidhlig a’ gabhail a-steach tidsear pàirt-ùine, neach-cleachdaidh thràth-bhliadhnaichean agus neach-cuideachaidh cluiche. Tha a’ mhòr-chuid den luchd-obrach san sgoil-àraich tro mheadhan na Beurla sealach no chaidh an cur an dreuchd o chionn ghoirid.

Tha an t-slat-thomhais seo a' nochdadh cho cudromach 's a tha e a bhith a' cur feumalachdan, leas, còraichean agus adhartas na cloinne aig teis-meadhan dealbhachadh a' churraicealaim agus mar a thathar ga chur an gnìomh. Tha Curraicealam air a mhìneachadh mar an t-iomlan de na thathar a' dealbhadh airson chlann bho thràth-bhliadhnaichean is cùram-chloinne, tro sgoil agus thairis air sin.

Tha e a' cur cuideam air mar a tha làn-chòir aig clann air curraicealam a tha a' faighinn taic bho phrionnsapalan dealbhaidh a' churraicealaim agus a tha air a bheartachadh tro eòlasan ionnsachaidh brìoghmhor air a' bhlàr a-muigh agus sa choimhearsnachd. Tha e ag aithneachadh gum feum a h-uile pàiste a bhith a' faighinn chothroman gus an cuid ùidhean, eòlas, sgilean agus feartan a leasachadh a bhios a dhìth orra airson 's gum bi iad a' freagarrachadh, a' soirbheachadh agus a' coileanadh ann an saoghal an latha an-diugh. Tha an t-slat-thomhais deagh ghnè seo ag aithneachadh cho cudromach 's a tha an curraicealam ann a bhith a' toirt taic do dh'adhartas ann an ionnsachadh chloinne agus iad a' tòiseachadh san t-suidheachadh agus aig prìomh phuingean eadar-ghluasaid.

Is iad na cuspairean:

- feallsanachd is dealbhadh a' churraicealaim
- leantalachd agus adhartachadh sa churraicealam
- com-pàirteachasan
- sgilean airson beatha agus ionnsachadh

- Tha an curraicealam ga leasachadh gu math agus ga atharrachadh gus toirt fa-near feumalachdan chloinne. Tha e stèidhichte gu daingeann air cluiche agus tha e a' co thaobhadh gu tur ris a' Churraicealam airson Sàr-mhathas. Tha e ga leasachadh mu luachan Creidsinn, Buntainn, Miannachadh agus Coileanadh. Ann an co-chomhairleachadh le clann agus teaghlachan, o chionn ghoirid leasaich an sgoil iomlan feallsanachd curraicealaim a tha a' gabhail a-steach an sgoil-àraich. Tha an curraicealam ga atharrachadh gus toirt fa-near co-theacsa na sgoil-àraich, a' chlann agus a' choimhearsnachd. Le taic bho phrìomh-thidsear a chuireadh an dreuchd o chionn ghoirid, tha luchd-obrach a' smaoineachadh gu ro-innleachdach mu adhbhar iomlan na sgoil-àraich. Tha seo a' gabhail a-steach comharrachadh nam prionnsapalan a tha a' toirt taic do dh'eòlasan ionnsachaidh na cloinne, leithid farsaingeachd, adhartas, doimhneachd agus dùbhlán, agus còraichean chloinne.
- Tha luchd-obrach a' cur fàilte, spèis agus luach air a h-uile pàiste, a' stèidheachadh bunait sheasmhach airson ionnsachadh a leasachadh. Tha luchd-obrach a' cur na coimhearsnachd aca gu feum ann an dòigh èifeachdach gus taic a thoirt don churraicealam. Tha eisimpleirean a thachair o chionn ghoirid a' gabhail a-steach daoine a' tighinn airson bruidhinn ris an sgoil-àraich, leithid poileas, tuathanach agus ceannard spòrs. Tha clann a' gabhail pàirt ann a bhith a' tadhal air a' choimhearsnachd, air a' choille agus air stèisean-smàlaidh. Tha iad seo a' cuideachadh na cloinne a bhith a' dèanamh ceangal eadar diofar dhreuchdan agus a' meudachadh an tuigse air a' choimhearsnachd.
- Tha luchd-obrach a' ceangal eòlasan-cluiche ri comhairle nàiseanta agus tha iad a' tional fiosrachadh agus measaidhean beachd-shùla airson gach pàiste. Chan eil fiosrachadh aca

fhathast a tha a' nochdadh mar a tha ionnsachadh chloinne thar a' churraicealaim nas fharsaing a' dèanamh adhartas. Feumaidh luchd-obrach a-nis fiosrachadh a thional air coileanaidhean is adhartas chloinne thar barrachd raointean den churraicealam. Dh'fhaodadh seo luchd-obrach a chuideachadh le bhith a' comharrachadh bheàrnan ann an ionnsachadh agus a' dèanamh cinnteach gu bheil a h-uile pàiste a' faighinn an làn-chòrach air curraicealam a tha farsaing is cothromaichte.

- Tha luchd-obrach a' tuigsinn cho cudromach 's a tha e gu bheil eadar-ghluasad èifeachdach ann a-steach san t-suidheachadh. Nuair a tha feum ann air, tha iad a' co-obrachadh gu brìoghmhor le co-obraichean gus eòlasan eadar-ghluasaid meudaichte a thoirt seachad airson phàistean fa leth. Ag obair còmhla ri luchd-obrach na bun-sgoile, tha luchd-obrach na sgoil-àraich air prògram a chruthachadh, a tha gu math stèidhichte a-nis, far am bi iad a' tadhal air a' bhun-sgoil gus taic a thoirt do chlann a bhith a' socrachadh agus iad ag eadar-ghluasad gu BSl. Tha neach-cleachdaidh thràth-bhliadhnaichean ag obair ann am BSl gus dèanamh cinnteach gu bheil ionnsachadh ùr a' togail gu soirbheachail air na h-eòlasan ionnsachaidh a fhuair ann an clas na sgoil-àraich.
- Tha luchd-obrach ag obair gu gnìomhach gus teaghlaichean a chom-pàirteachadh ann a bhith a' toirt taic do dh'ionnsachadh an cuid chloinne aig an taigh. Tha seo a' gabhail a-steach cuimhneachain do phàrantan gach latha le ceistean ri chur air an cuid chloinne aig an taigh. Tha eisimpleirean a chleachdadh o chionn ghoirid a' gabhail a-steach 'Faighnich ded phàiste mu dhùbhlain na drochaid agus mar a chaidh cuairt chnapan-starra a thogail.' Tha seo a' comasachadh theaghlaichean a bhith a' gabhail pàirt ann an còmhraidhean ionnsachaidh le an cuid chloinne agus gam brosnachadh a bhith a' leudachadh an ionnsachaidh aig an taigh. Tha pàrantan a' faighinn buannachd à seiseanan leis an neach-obrach ionnsachadh teaghlaich. O chionn ghoirid, chaidh seisean a thairgse dhaibh air mar a dh'fhaodas iad taic a thoirt do dh'àireamhachd aig an taigh agus thugadh bagaichean ionnsachadh aig an taigh dhaibh a dh'fhaodadh iad cleachdadh le an cuid chloinne.
- Tha clann fo aois trì a' faighinn raon iomchaidh de dh'eòlasan ionnsachaidh mothachail. Ach chan eil misneachd aig luchd-obrach fhathast ann a bhith a' planadh no a' cur an gnìomh curraicealam airson chlann glè òg. Tha ionnsachadh proifeiseanta a bharrachd ga phlanadh. Bu chòir gum bi seo a' meudachadh eòlas is tuigse luchd-obrach agus a' dèanamh cinnteach gu bheil an curraicealam airson chlann dà bhliadhna a dh'aois a' coileanadh am feumalachdan ann an dòigh nas fheàrr. Feumaidh sgioba an luchd-obrach leasachadh a bharrachd a dhèanamh air mar a chleachdas iad teicneòlasan didseatach le clann, gus cruthachalachd a bhrosnachadh agus eòlas a thogail. Fhad 's a tha luchd-obrach a' cumail orra a' leasachadh a' churraicealaim, bu chòir dhaibh dèanamh cinnteach gu bheil iad a' toirt fa-near feumalachdan ionnsachaidh a h-uile pàiste, a' gabhail a-steach an fheadhainn a tha feumach air barrachd taic no dùbhlain.

Tha an t-slat-tomhais deagh ghnè seo a' cur fòcas air mar a tha clann a' faighinn buannachd à cothrom air àitichean de dh'àrd-chàileachd agus à gnàth-chùrsaichean a tha stèidhichte gu math agus a tha gan cuideachadh a bhith a' faireachdainn tèarainte agus deiseil a bhith a' com-pàirteachadh. Tha i a' coimhead aig mar a tha clann a' faighinn taic gus dàimhean deimhinneach a thogail, am faireachdainnean a riaghladh agus pàirt a ghabhail gu brìoghmhor ann an raon farsaing de dh'eòlasan ionnsachaidh brosnachail. Tha i a' nochdadh cho cudromach 's a tha e gu bheil inbhe àrd de sgil aig luchd-obrach le taic bho cheannardas làidir a thaobh eòlas-teagaisg. Tha seo a' gabhail a-steach tuigse shoilleir air eòlas-teagaisg, air bun-bheachd cluiche, air mar a bhios clann ag ionnsachadh, air còraichean chloinne agus air modh-giùlain chloinne.

Tha i a' cur luach air dàimhean de dh'àrd-chàileachd, dùilean co-sheasmhach agus eadar-ghabhailean sgileil a tha a' comasachadh chlann a bhith a' cumail suas com-pàirteachadh, a' leantainn ghnàth-chùrsaichean agus a' togail neo-eisimeileachd anns an cuid ionnsachaidh. Tha an t-slat-tomhais seo a' sealltainn cho cudromach 's a tha e a bhith a' geur-sgrùdadh agus a' dol a mheasg chlann gus an cuid ionnsachaidh a phlanadh agus a mheasadh. Tha i a' ag aithneachadh cho luachmhor 's a tha e a bhith a' com-pàirteachadh chlann gu buileach ann a bhith a' planadh an cuid ionnsachaidh a-staigh, air a' bhlàr a-muigh agus sa choimhearsnachd ionadail. Tha an t-slat-tomhais deagh ghnè seo a' cur cuideam air cho cudromach 's a tha e a bhith a' tracadh gu làidir agus a' cumail sùil air adhartas chloinne gus dèanamh cinnteach gu bheil luchd-cleachdaidh eòlach air a h-uile pàiste mar neach-ionnsachaidh.

Is iad na cuspairean:

- ionnsachadh agus com-pàirteachadh chloinne
- eadar-ghabhailean gus taic a thoirt do dh'ionnsachadh
- planadh agus measadh
- tracadh agus cumail sùil air adhartas

- Tha luchd-obrach air dàimhean blàtha, àrachail a leasachadh leis a h-uile pàiste agus le an teaghlaichean. Tha cha mhòr a h-uile pàiste sona agus socraichte san sgoil-àraich. Tha a' mhòr-chuid a' gabhail pàirt sna h-eòlasan ionnsachaidh sùbailte a-staigh agus air a' bhlàr a-muigh. Tha clann a' dèanamh ceangal ris an àrainneachd nàdarra tro chuirtean don choille, ag altramachadh am feòrachais agus ath-leumachd. Tha beag-chuid de chlann a' gabhail pàirt ann an cluiche airson ghreisean beaga. Ach chan eil ach grunn chloinne a' cumail suas dùr-aire fada gu leòr gus ionnsachadh domhainn a dhèanamh comasach. Tha beag-chuid de chlann, aig amannan, a' nochdadh modh-giùlain buaireasach agus dì-riaghlach. Bu chòir do luchd-obrach beachdachadh air mar a ghabhas an ath-threòrachadh, a' toirt a-steach eòlasan ionnsachaidh air an tòiseachadh le inbhich gus am feòrachas agus com-pàirteachadh a bhrosnachadh. Bu chòir do luchd-obrach piseach a thoirt air sruth nan eòlasan ionnsachaidh thar an latha, le bhith a' cuibhreachadh chasgan agus a' toirt a-steach culaidhean-brosnachaidh do rannsachaidhean na cloinne. Bu chòir gum bi an dòigh-obrach seo a' comasachadh chlann a bhith a' gabhail pàirt ann an cluiche airson ùineachan leudaichte. Bhiodh luchd-ionnsachaidh nas òige a' faighinn buannachd à àite sònraichte dhaibh fhèin san t-seòmar-chluiche. Bu chòir gum biodh seo a' toirt dhaibh cothroman a bhith a' gabhail fois, a' rannsachadh ghreasan a tha freagarrach don ìre leasachaidh aca agus a' gabhail tlachd à eòlasan-cluiche faireachail.

- Tha an luchd-obrach uile glè eòlach air a’ chloinn agus air an teaghlaichean. Far a bheil cleachdadh as treasa a’ tachairt, bidh luchd-obrach a’ dol a mheasg chlann gu mothachail, ag èisteachd ri agus a’ freagairt ri am feumalachdan is ùidhean. Ach chan eil an cleachdadh seo làidir gu cunbhalach. Bu chòir do luchd-obrach cumail orra a’ leasachadh an tuigse air eòlas-teagaisg thràth-bhliadhnaichean, gu h-àraid air mar a bhiodh clann òg ag ionnsachadh. Bu chòir do luchd-obrach na h-eadar-theachdan aca le clann a bheartachadh le bhith a’ cleachdadh cheistean agus aithris, a’ leudachadh an cuid smaoineachaidh agus cainnte. An-dràsta, chan eil ach cothroman cuibhrichte aig clann a bhith a’ cleachdadh teicneòlasan didseatach.
- Tha luchd-obrach air obair ri chèile gus modh-obrach co-chòrdail a leasachadh airson beachdan-sùla a chlàradh de dh’ionnsachadh is eòlasan chloinne. Thathar gan clàradh seo gu cunbhalach agus gan co-roinn le pàrantan air àrd-ùrlar didseatach. Bu chòir do luchd-obrach dèanamh cinnteach gu bheil beachdan-sùla a’ glacadh ionnsachadh brìghmhor gach pàiste fa leth. Tha luchd-obrach an dùil a bhith gan co-roinn le clann. Bu chòir gum bi seo a’ toirt taic do chlann a bhith a’ cnuasachadh air an ionnsachadh agus rannsachaidhean a phlanadh san àm ri teachd. Tha luchd-obrach air modh-obrach co-roinnte a leasachadh airson ionnsachadh chloinne a phlanadh. Tha iad a’ coinneachadh gu cunbhalach gus beachdachadh air àitichean, eòlasan ionnsachaidh agus eadar-ghabhailean. Tha luchd-obrach air tòiseachadh air goireasan ùra a thoirt a-steach mar fhreagairt ri ùidhean chloinne agus iad a’ leasachadh. Mar thoradh air seo, tha clann a’ toirt seachad am beachdan do luchd-obrach barrachd is barrachd. Tha coileanaidhean nas fharsainge na cloinne gan taisbeanadh agus gan comharrachadh san sgoil-àraich. Bu chòir do luchd-obrach cothroman a thoirt seachad sam faod clann meòmhrachadh air na sgilean a tha iad a’ leasachadh agus bu chòir dhaibh am fiosrachadh seo a chleachdadh gus togail air adhartas chloinne.
- Air an stiùireadh leis a’ phrìomh-thidsear agus leis an tidsear, tha luchd-obrach a’ cleachdadh raon de dh’uidheaman-measaidh ùghdarrais ionadail. Tha iad a’ cleachadh nan uidheaman seo gus adhartas chloinne a mheasadh agus a thracadh a thaobh an aoise agus an ìre leasachaidh aca. Tha luchd-obrach a’ cleachdadh an fhiosrachaidh seo gus amannan buidhne a phlanadh a bharrachd air eadar-theachdan targaidichte gus feumalachdan fa leth chloinne a choileanadh. Dh’fhaodadh taic nas fheàrr a thoirt seachad do fheumalachdan iomlanach na cloinne. Mar eisimpleir, tro bhith a’ leasachadh cothroman airson clann a bhith a’ gabhail pàirt ann an àitichean is eadar-theachdan iomchaidh ann an eòlasan-cluiche co-roinnte. Tha luchd-obrach an dùil clann a cho-phàirteachadh ann a bhith a’ beachdachadh air na h-ath cheumannan comharraichte aca, agus bidh na planaichean seo a’ toirt seachad barrachd ceannardais do chlann air an cuid ionnsachaidh. Tha planaichean buntainneach ann airson chlann aig a bheil feum air taic a bharrachd. Tha pàrantan agus luchd-cùraim a’ cur ris na planaichean seo gu cunbhalach.

Tha an t-slat-tomhais deagh ghnè seo a' nochdadh cho cudromach 's a tha dàimhean deimhinneach agus sunnd chloinne. Tha i ag aithneachadh cho cudromach 's a tha e a bhith a' toirt seachad taic a tha de dh'àrd-chàileachd, in-ghabhailta, iomchaidh agus stèidhichte air còraichean.

Tha modhan-obrach den leithid seo ag adhbharachadh bhuilean nas fheàrr airson ionnsachadh, sunnd agus com-pàirteachadh chloinne. Tha i a' toirt fa-near clann a dh'fhaodadh a bhith feumach air taic a bharrachd gus cothrom fhaighinn air agus buannachd fhaighinn às an làn-chòraichean air tràth-ionnsachadh is cùram-chloinne de dh'àrd-chàileachd. Tha seo a' gabhail a-steach a' comharrachadh agus a' measadh an cuid feumalachdan ionnsachaidh agus sunnd gu timeil agus a' toirt seachad taic phearsanaichte agus thargaidichte.

Tha an t-slat-tomhais deagh ghnè seo ag aithneachadh gu bheil e deatamach gu bheil obair com-pàirteachais làidir, cho-obrachail ann am measg an fheadhainn a tha a' toirt taic do chlann. Tha i a' nochdadh cho cudromach 's a tha conaltradh brìoghmhor le clann agus an teaghlaichean gus co-dhùnaidhean fhiosrachadh a thaobh ciamar a bu chòir feumalachdan chloinne a choileanadh.

Tha an t-slat-tomhais deagh ghnè seo a' cur cuideam air cho cudromach 's a tha dreuchd àrd-stiùirichean ann a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil ionnsachadh proifeiseanta buntainneach agus diù aig luchd-obrach gus am faod iad feumalachdan eadar-mheasgte agus uaireannan iom-fhillte chloinne a choileanadh.

Is iad na cuspairean:

- dàimhean deimhinneach agus sunnd
- taic choitcheann
- a' comharrachadh agus a' measadh feumalachdan ionnsachaidh agus taic thargaidichte
- in-ghabhaltas agus co-ionannachd

- Tha luchd-obrach a' cur air adhart dàimhean deimhinneach agus modhan-obrach àrachail air feadh an t-suidheachaidh. Tha iad seo a' toirt taic do chlann a bhith a' socrachadh ann an àrainneachd a tha sàbhailte agus tèarainte. Tha an luchd-obrach uile a' nochdadh agus a' modaileadh spèis, coibhneas agus meas air clann, teaghlaichean agus co-obraichean. Thar cheann, tha làthaireachd chloinne aig an sgoil-àraich math. Tha pròiseasan iomchaidh aig àrd-stiùirichean gus sùil a chumail air neo-làthaireachd chloinne, a' gabhail a-steach conaltradh cunbhalach le pàrantan agus luchd-tadhail slàinte.
- Tha luchd-obrach a' toirt taic do chlann gus an cuideachadh le bhith a' riaghladh am faireachdainnean. Tha iad a' freagairt gu math ri suidheachaidhean far a bheil clann feumach air taic airson ionnsachadh mar a bu chòir dhaibh co-phàirteachadh no coibhneas no spèis a shealltainn do chàch. Ghabhadh am modh-obrach seo a leudachadh gus cothroman a thairgse do chlann a bhith a' co-phàirteachadh mar a tha iad a' faireachdainn air feadh an latha. Bidh seo a' toirt taic do chlann nuair a tha e follaiseach gu bheil iad a' faireachdainn air an sàrachadh. Bu chòir do luchd-obrach togail air an soirbheachasan tùsail le bhith a' cleachdadh leabhraichean agus pùpaidean gus tuigse chloinn air an cuid faireachdainnean a

mheudachadh. Mar a thathar a' planadh, ghabhadh na modhan-obrach seo a cheangal ri meudachadh tuigse na cloinne air an cuid chòraichean.

- Tha com-pàirteachasan làidir le pàrantan a' cuideachadh luchd-obrach ann a bhith ag aithneachadh agus a' toirt taic do fheumalachdan sòisealta agus faireachail na cloinne. Dh'fhaodadh luchd-obrach a bhith ag obair a-nis gus lèirmheas a dhèanamh air targaidhean sunnd chloinne còmhla ri pàrantan. Tha luchd-obrach a' tòiseachadh air targaidhean phàistean fa leth a cho-roinn air feadh an sgioba, gus dèanamh cinnteach gu bheil clann a' faighinn taic ann an dòigh cho-sheasmhach. Tha luchd-obrach gu sgileil a' comharrachadh feumalachdan ionnsachaidh chloinne gu tràth, a' cuideachadh le bhith a' cur piseach air builean airson a h-uile pàiste. Tha luchd-obrach uile a' leantainn riatanasan reachdail gu h-iomlan agus tha iad ag ath-ùrachadh an cuid eòlais agus sgilean gu cunbhalach gus taic a thoirt do chlann.
- Tha a' mhòr-chuid de chlann a' gabhail pàirt gu misneachail ann an cluiche fhiosaigeach air a' bhlàr a-muigh agus iad a' streap, a' slaighdheadh, a' cothromachadh agus a' leasachadh an sgilean tilgeil agus glacadh. Tha clann a' nochdadh neo-eisimeileachd agus iad ag ullachadh snaoicean, a' frithealadh dhaibh fhèin agus a' sgioblachadh. Bu chòir do luchd-obrach piseach a thoirt air rèiteachaidhean àm-lòin gus ùineachan-feitheimh fada a sheachnadh. Tha luchd-obrach a' fighe a-steach cleachdadh in-ghabhaltas air feadh an t-suidheachaidh, leis a h-uile pàiste a' faighinn taic a bhith a' faireachdainn gu bheil iad air an gabhail a-steach ann an eòlasan làitheil.
- Tha luchd-obrach a' toirt taic do chlann a dh'fhaodadh a bhith a' dèiligeadh ri cnapan-starra do dh'ionnsachadh gu math. Tha seo a' dèanamh cinnteach gu bheil clann a' faighinn cothrom air eòlasan ionnsachaidh a tha iomchaidh dhaibh a thaobh an cuid leasachaidh, leithid eadar-theachdan targaidichte airson bhuidhnean agus pàistean fa leth. Tha na modhan-obrach seo a' cur piseach air builean airson a' ghrunn chloinne a tha feumach orra. Far a bheil e iomchaidh, tha luchd-obrach ag obair gu dlùth le teaghlaichean agus com-pàirtichean taice, gus toirt fa-near an raon eadar-mheasgte de dh'fheumalachdan fa leth na cloinne. Tha iad a' planadh agus a' clàradh prìomh fhiosrachaidh, a' cuideachadh a h-uile pàiste a bhith a' dèanamh adhartas nan cuid ionnsachaidh. Tha luchd-obrach a' cur luach air na tha buidhnean taobh a-muigh a' dèanamh agus tha iad ag aithneachadh na buaidh deimhinneach air eòlasan-ionnsachaidh chloinne a thig à obair cho-obrachail. Bu chòir do luchd-obrach a bhith a' com-pàirteachadh a-nis ann an còmhraidhean ionnsachaidh leis a h-uile pàiste, gus an cuideachadh a bhith gan tuigsinn fhèin nas fheàrr mar luchd-ionnsachaidh. Tha luchd-obrach uile mothachail air cùisean ceangailte ri cosgais latha na sgoile. Far a bheil e iomchaidh, tha iad a' toirt taic ann an dòigh mhothachail do theaghlaichean agus a' nochdadh dhaibh tùsan taice. Tha iad a' dèanamh cinnteach gu bheil a h-uile pàiste comasach air làn phàirt a ghabhail ann an eòlasan ionnsachaidh agus tachartasan na sgoil-àraich.
- Tha luchd-obrach a' làimhseachadh chlann agus teaghlaichean le coibhneas, spèis agus cothromachd, ann an co-rèir ri luachan an t-suidheachaidh. Tha iad a' cur air adhart in-ghabhaltas gu soirbheachail agus bu chòir dhaibh cumail orra a' leasachadh mothachalachd chloinne air an còraichean ann an dòigh bhrìoghmhor. Fhad 's a tha clann a' comharrachadh grunn làithean-fèill air feadh na bliadhna, tha luchd-obrach mothachail air mar a dh'fhaodadh iomadachd a bhith air a neartachadh gus eòlasan-ionnsachaidh a bheartachadh. Bidh seo a' cuideachadh chlann gus tuigse fhaighinn air taobhan beatha agus air an t-saoghal thar an cuid eòlais a gheibh iad à am beatha fhèin.

Dìon

- Thug an suidheachadh fiosrachadh fèin-luachaidh a-steach a thaobh barantachadh agus dìon chloinne. Bheachdaich luchd-sgrùdaidh air an fhiosrachadh seo le luchd-obrach buntainneach agus, far an robh e iomchaidh, le clann. A bharrachd air sin, rinn luchd-sgrùdaidh sgrùdadh air sampall de dhòcamaideadh a thaobh dìon. Thathar air raointean leasachaidh aontachadh leis an t-suidheachadh agus leis an ùghdarras foghlaim.

Co-theacsa

Dh'fhosgail Sgoil-àraich Bhràghad Albainn sa Ghiblean 2021 mar sholar làn-bhogaidh Foghlaim tro Mheadhan na Gàidhlig. Tha an àireamh a tha clàraichte san sgoil-àraich air dùblachadh bho chionn 2021. Airson na mòr-chuid den ùine, tha an sgoil-àraich air a ruith le luchd-obrach a tha fileanta sa Ghàidhlig. Tha ion-chur teagaisg bho thidsear speisealaichte a thaobh taic airson ionnsachadh. Tha prìomh-thidsear ann air a bheil uallach ceannardais làitheil.

Curraicealam

- Tha luchd-obrach air obair gu co-obrachail taobh a-staigh na sgoil-àraich agus le pàrantan gus feallsanachd curraicealaim lèirsinneach a dhealbhadh. Tha seo stèidhichte air luachan a' champais agus air poileasaidh ionadail agus nàiseanta. Tha an fheallsanachd ag adhbharachadh tuigse cho-phàirtichte nas soilleire air a' mhòr-chuid de dh'eileamaidean adhbhar agus stiùireadh a' churraicealaim. Tha luchd-obrach a' cur piseach air an fheallsanachd gus a leasachadh a dh'aona-ghnothach airson cànan, cultar agus bogadh sa Ghàidhlig mar uallach airson a h-uile.
- Tha luchd-obrach a' libhrigeadh a' churraicealaim tro bhogadh gus ionnsachadh chloinne air Gàidhlig a chomasachadh tro chluiche. Tha iad a' planadh ghnìomhachdan airson phàistean air leth agus airson bhuidhnean gus taic a thoirt do dh'ionnsachadh chloinne a dh'aona-ghnothach. Aig amannan, bidh beàrnan a thaobh luchd-obrach a' toirt droch bhuaidh air co-chòrdalachd agus càileachd a' bhogaidh, a' lùghdachadh cothroman airson eadar-ghabhaillean beartach cànan. Tha luchd-obrach glè mhothachail air ùidhean chloinne agus tha iad a' leigeil leotha seo a bhith air an riochdachadh gu math ann an ionnsachadh làitheil. Bu chòir do luchd-obrach dèanamh cinnteach gu bheil cunbhalachd ann a thaobh libhrigeadh bogadh de dh'àrd-chàileachd gus am faod a h-uile pàiste bogadh beartach sa chànan fhaighinn. Bidh seo a' cuideachadh chlann a bhith a' fàs nas fhileanta agus a' dèanamh barrachd adhartais.
- Tha luchd-obrach a' dealbhadh a' churraicealaim gu h-èifeachdach gus fòcas a chur air litearrachd, cuspairean agus suidheachaidhean a tha a' comasachadh eadar-ghabhaillean nàdarra ann an Gàidhlig. Tha inbich a' dèanamh cho-dhùnidhean air na bhios clann ag ionnsachadh, a bharrachd air clann a' leantainn an cuid ùidhean. Tha clann cruthachail, feòrachail agus a' dèanamh gu math ann an riochd-chluichean. Tha luchd-obrach a' leantainn stiùireadh ùghdarrais ionadail air na bu chòir teagasg agus cuin. Mar ath cheum, bu chòir do luchd-obrach stiùireadh a chleachdadh air cò ris a bhios adhartas coltach gu sònraichte a thaobh litearrachd agus Gàidhlig. Bidh seo a' neartachadh tuigse an luchd-obrach uile air an adhartas ris a bheil dùil agus a' dèanamh cinnteach gu bheil dùbhlann iomchaidh ann do luchd-ionnsachaidh uile.
- Tha luchd-obrach a' toirt seachad cothroman do chlann a bhith ag ionnsachadh sa choimhearsnachd agus le com-pàirtichean. Tha clann a' faighinn buannachd à eòlasan-ionnsachaidh coille, a' cluiche sa ghàrradh, a bharrachd air sa choimhearsnachd. Tha na co-theacsaichean fìor-bheatha brìghmhor seo a' leasachadh misneachd agus neo-eisimeileachd na cloinne agus an tuigse air an àrainneachd ionadail aca. Tha clann a' cur an gnìomh an t-ionnsachadh aca air cumail sàbhailte le bhith a' coiseachd sa choimhearsnachd agus a'

measadh chunnartan. Tha eòlas farsaing aig luchd-obrach air Gàidhlig taobh a-staigh na coimhearsnachd ionadail. Tha iad air raon de chom-pàirteachasan a leasachadh a tha a' cur doimhneachd ri ionnsachadh chloinne agus a' neartachadh bogadh. Tha pàrantan glè thaiceil air ionnsachadh chloinne air Gàidhlig, bogadh agus cluiche air a' bhlàr a-muigh. Tha seo a' meudachadh leantailachd ionnsachaidh eadar an taigh agus an sgoil-àraich. Bu chòir do dh'àrd-stiùirichean cumail orra leis na planaichean aca a bhith a' leasachadh àrainn a-muigh ri taobh na sgoil-àraich gus cothrom chloinne air sruth saor gu cothroman ionnsachaidh air a' bhlàr a-muigh a mheudachadh.

- Tha luchd-obrach a' dèanamh cinnteach gu bheil eadar-ghluasadan air an deagh phlanadh leis a' Chròileagan (0 gu 3) agus an uair sin bhon sgoil-àraich (3 gu 5) chun na bun-sgoile (5 gu 12). Mar thoradh air na pròiseasan seo, tha clann misneachail agus air an deagh ullachadh airson na h-ath ìre de dh'ionnsachadh. Bidh grunn sgoilearan a' tòiseachadh ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig ann am BS1, agus feadhainn eile a' gabhail ann bho shuidheachaidhean eile air feadh na sgìre-sgoile. Tha pàrantan glè fhor-ghnìomhach ann a bhith a' toirt taic do na h-eadar-ghluasadan seo. Tha iad a' toirt air adhart aig an taigh an t-ionnsachadh a tha iadsan agus clann a' dèanamh sa Ghàidhlig.
- Tha coinneamhan nas cunbhalaich agus nas tairbhiche a' tachairt eadar pàrantan agus ceannard na sgoile gus Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig de dh'àrd-chàileachd a thoirt air adhart bho ìre gu ìre. Mar ath cheum cudromach, feumaidh àrd-stiùirichean cumail orra a' dùnadh bheàrran sa churraicealam 3 gu 18 mar dhòigh sam faodar àireamh an fheadhainn a tha ag ionnsachadh Gàidhlig a chur am meud. A bharrachd air sin, bhiodh e feumail nan robh àrd-stiùirichean ga dhèanamh soilleir dè th' ann an ionnsachadh uile na cloinne tron Ghàidhlig. Bu chòir gu bheil seo a' gabhail a-steach an raon de choileanaidhean agus obair le com-pàirtichean às am bi clann a' faighinn buannachd. Bidh seo a' dèanamh cinnteach gu bheil teaghlaichean agus com-pàirtichean a' tuigsinn slighe iomlan an adhartais ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig.
- Tha luchd-obrach soilleir air leasachadh Gàidhlig mar sgil beatha agus sgil ionnsachaidh. Tha luchd-obrach air tòiseachadh a' leabachadh sgilean didseatach air feadh a' churraicealaim. Tha comas aig an obair thùsail seo a bhith a' doimhneachadh cruthachalachd chloinne agus a' leudachadh an ceanglaichean thairis air na h-eòlasan beatha a th' aca fhèin.

Ionnsachadh, teagasg agus measadh

- Tha clann a' faighinn buannachd à àrainneachd bogaidh taobh a-staigh na sgoil-àraich a tha blàth, coibhneil agus taiceil. Tha toiseach èifeachdach aca air slighe ann an Gàidhlig le bhith a' frithealadh na sgoil-àraich. Tha seo a' luathachadh an cuid fileantais agus an comais air Gàidhlig a chleachdadh gus cothrom fhaighinn air ionnsachadh air feadh a' Churraicealaim airson Sàr-mhathais. Tha clann sona, socraichte agus misneachail. Tha iad a' gabhail pàirt gu math ann an raon de chluiche bhrosnachail, an dà chuid a-staigh agus air a' bhlàr a-muigh. Tha cothromachadh iomchaidh aig clann eadar eòlasan ionnsachaidh air an treòrachadh le inbich agus air an treòrachadh le clann.
- Tha cha mhòr a h-uile pàiste a' toirt an aire gu math airson ùineachan leudaichte le cluiche a tha iad fhèin a' taghadh. Tha iad cuideachd a' nochdadh ìrean àrda de chom-pàirteachadh ann an cothroman ionnsachaidh na buidhne iomlaine. Mar eisimpleir, rè àm còmhla, tha clann

a' com-pàirteachadh gu domhainn ann an seinn agus a' cluiche gheamaichean cànanais gus an cuid conaltraidh a leudachadh agus an gràmar aca a leasachadh. Tha clann a' cluiche gu math le an caraidean. Tha iad coibhneil agus a' sealltainn spèis do chàch a chèile agus do dh'inbich. Tha an àrainneachd nas ciùine aig amannan nuair a tha buidheann nas lugha de chlann a' frithealadh na sgoil-àraich. Tha an àrainneachd nas ciùine seo cuideachd a' toirt taic do bhogadh de dh'àrd-chàileachd. Nuair a tha àireamhan nas motha de chlann san sgoil-àraich, chan eil eadar-ghabhailean le inbich a' tachairt cho tric, agus mar thoradh air sin faodaidh cluiche chloinne a bhith nas dùbhланаiche. Aig na h-amannan seo, agus nuair nach eil an co-theacsa air a phlanadh gu leòr, chan eil clann a' com-pàirteachadh don aon ìre sa chluiche agus san ionnsachadh aca.

- Tha luchd-obrach a' dèanamh cinnteach gu bheil eòlasan làn-bhogaidh rim faotainn san sgoil-àraich cha mhòr fad na h-ùine. Tha iad a' dèanamh aithrisean beachdaichte nuair a tha iad a' dol a mheasg chlann gus an cuid feòrachais agus cluiche mhac-meanmnach a leudachadh. Tha luchd-obrach a' cleachdadh seinn gus taic a thoirt do leasachadh cànanais gu h-èifeachdach. Tha barrachd chothroman aig clann airson ionnsachadh tro bhith ag innse sgeulachdan, a' gabhail òrain agus ag aithris rannan. Tha grunn chloinne a' cleachdadh teicneòlas didseatach ann an dòigh a tha glè mhath airson rannsachadh agus airson an cuid ùidhean a leantainn. Bu chòir do luchd-obrach cumail orra a' leudachadh mar a tha clann a' cleachdadh teicneòlas gus an sgilean ann an cànan is litearrachd na Gàidhlig a leasachadh. Bu chòir do dh'àrd-stiùirichean agus luchd-obrach cumail orra a' leasachadh an t-eòlas-teagaisg aca a thaobh bogadh san t-seòmar-chluiche le bhith a' cleachdadh 'Comhairle mu Fhoghlam Gàidhlig'.
- Tha luchd-obrach a' dèanamh measadh ionnsachadh chloinne a dh'aona-ghnothach agus iad a' dèanamh beachd-sùla orra agus a' dol nam measg nan cluiche. Tha iad a' com-pàirteachadh phàrantan ann a bhith a' cumail suas planaichean cùraim phearsanta ceangailte ri còraichean chloinne. Bu chòir do luchd-obrach pròfaidhl còraichean chloinne àrdachadh a thaobh ionnsachadh chànanais is cultar dùthchasach. Tha pròfaidhl ionnsachaidh air-loidhne aig a h-uile pàiste, a thathar a' co-phàirteachadh le pàrantan. Bu chòir do luchd-obrach barrachd fòcais a chur air tuigse chloinne air Gàidhlig tro bhogadh a chomharrachadh, a bharrachd air a' chànan a tha iad a' cleachdadh. Tha luchd-obrach a' comharrachadh nan ath-cheumnan le clann. Ach bhiodh iad a' faighinn buannachd à bhith a' gabhail pàirt ann am barrachd chòmhraidhean le clann air dè agus dè cho math 's a tha iad air a bhith ag ionnsachadh.
- Tha luchd-obrach a' cleachdadh leabhraichean mòra gu soirbheachail ann a bhith a' planadh airson ùidhean chloinne. Tha seo a' glacadh guth chloinne gu math, tha e a' glacadh mar a tha iad a' fàs nas fhileanta ann an Gàidhlig agus tha e a' toirt taic do phlanadh eòlasan co-fhreagrach. Bu chòir do dh'àrd-stiùirichean cumail orra a' toirt taic do luchd-cleachdaidh gus leasachadh a bharrachd a dhèanamh air modhan-obrach planaidh le bhith a' cleachdadh eòlasan agus builean a' Churraicealaim airson Sàr-mhathais. Bidh seo a' dèanamh cinnteach gum bi clann a' leantainn orra a' faighinn cothrom air tràth-fhoghlam farsaing, cothromaichte agus brìoghmhor tron Ghàidhlig.
- Tha luchd-obrach a' cleachdadh stiùireadh ùghdarrais ionadail gus clachan-mìle leasachaidh chloinne a thracadh. Bu chòir do dh'àrd-stiùirichean agus luchd-obrach adhartas chloinne a thracadh ann an litearrachd, àireamhachd agus matamataig agus slàinte is sunnd. Tha dàta

aca air adhartas chloinne airson fad na h-ùine sa bheil iad san sgoil-àraich. Tha luchd-obrach a' cur piseach air an dòigh sa bheil iad a' tracadh adhartas chloinne ann an Gàidhlig. Bu chòir do dh'àrd-stiùirichean dèanamh cinnteach gu bheil clachan-mìle leasachaidh air an altachadh barrachd a thaobh làn-bhogadh tron Ghàidhlig. Bu chòir gu bheil seo a' gabhail a-steach dearbhadh ìre tuigse chloinne, agus an dòigh sa bheil iad a' cleachdadh Gàidhlig, ann an dòigh nas iomlaine thar na h-ìre tràithe.

Sunnd, co-ionannachd agus in-ghabhaltas

- Tha dàimhean earbsach agus àrachail aig luchd-obrach le clann agus an teaghlach. Tha clann a' faighinn deagh thaic gus am faireachdainnean a riaghladh, le còmhraidhean cunbhalach far am faod iad bruidhinn gu saor mu mar a tha iad a' faireachdainn. Tha clann a' tòiseachadh air na slatan-tomhais sunnd a chleachdadh. Le ùine, bidh iad seo a' leudachadh am mothachaidh air an iomlanachd a thaobh dè tha a' toirt taic do an sunnd. Airson na mòr-chuid den ùine, tha clann ciùin agus iad a' gluasad gu saor eadar gnìomhachdan cluiche.
- Tha clann a' freagairt gu math ri gnàth-chùrsaichean stèidhichte agus tha iad a' gabhail barrachd uallach air an son fhèin agus an cuid ionnsachaidh. Mar eisimpleir, tha iad a' fàs nas misneachail agus nas neo-eisimeilich nuair a tha iad ag ullachadh a dhol dhachaigh. B' urrainnear clann a bhrosnachadh a bharrachd a bhith a' cumail na h-àrainneachd aca sgioblaichte agus a bhith a' leasachadh tuigse nas làidir a thaobh cur air adhart sàbhailteachd. Bu chòir do luchd-obrach sùil a chumail air dè cho math 's a tha eadar-ghluasadan air an làimhseachadh air feadh an latha gus àrainn chiùin a ghlèidheadh.
- Tha clann uile air an luachadh agus air an gabhail a-steach le luchd-obrach. Tha a' chuid as motha de chlann a' gabhail pàirt gu math ann am beatha an t-suidheachaidh. Tha iad a' com-pàirteachadh gu math ann a bhith a' dèanamh cho-dhùnaidhean neo-cham agus a' dèanamh roghainnean.
- Tha deagh thuigse aig luchd-obrach air dleastanasan reachdail agus tha iad a' cumail suas ris a' mhòr-chuid de stiùireadh agus comhairle. Tha iad soilleir mu na h-uallaichean a th' orra a thaobh cumail chlann sàbhailte agus tha iad a' dèanamh cinnteach gu bheil feumalachdan cùraim agus sunnd a h-uile pàiste gan coileanadh. Tha luchd-obrach ag obair gu dlùth le raon de chom-pàirtichean speisealaichte agus tidsearan gus dèanamh cinnteach gum faigh clann an taic cheart aig an àm cheart. Tha luchd-obrach a' comharrachadh chlann aig a bheil feumalachd taice a bharrachd tràth tro phròiseasan eadar-ghluasaid agus tro bheachdan-sùla. Tha iad a' cruthachadh phlanaichean air leth le targaidean airson na cloinne aig a bheil feum orra. Tha luchd-obrach a' cleachdadh eadar-theachdan agus goireasan iomchaidh, ach bu chòir dhaibh dèanamh cinnteach gu bheil iad gan cleachdadh gu cunbhalach tron Ghàidhlig.
- Thug àrd-stiùirichean agus luchd-obrach buaidh nas motha air co-ionannachdan ann an Gàidhlig le bhith a' stèidheachadh sgoil-àraich. Tha seo a' toirt taic glè mhath gu coileanadh nan amasan ann an Stiùireadh Reachdail airson Foghlam Gàidhlig, 2017. Tha an àireamh de chlann air an clàradh san sgoil-àraich air a dhol am meud gu mòr ann an 2025-2026. Bu chòir do dh'àrd-stiùirichean dèanamh cinnteach gu bheil iad a' cur air adhart gu h-èifeachdach na buannachdan a thig à clàradh chlann san sgoil-àraich. Bu chòir gu bheil làrach-lìn a' champais nas soilleire air mar as urrainnear clàradh airson na sgoil-àraich, air a' churraicealam a tha ri

fhaotainn innte agus air na lionraidhean teaghlaich agus coimhearsnachd a tha rim faotainn. Bu chòir don ùghdarras ionadail cumail orra a' toirt taic don sgoil-àraich le bhith a' fastadh luchd-obrach a tha teisteanachd ann an Gàidhlig. Tha grunn luchd-obrach ag ionnsachadh Gàidhlig. Bu chòir gu bheilear a' tairgse dhaibh dòighean ionnsachaidh nas luaithe gus am faod iad buaidh nas motha fhaighinn air bogadh de dh'àrd-chàileachd.

- Tha luchd-obrach a' dèiligeadh ri clann agus teaghlaichean le cothromachd agus spèis. Tha luchd-obrach eòlach air clann agus tha iad a' cur luach air na tha iad a' cur ri beatha an t-suidheachaidh. Bu chòir do luchd-obrach beachdachadh a bharrachd a dhèanamh air mar a dh'fhaodas iad taic a thoirt do dh'iomadachd agus co-ionannachd taobh a-staigh na sgoil-àraich. Bhiodh seo a' gabhail a-steach dèanamh soilleir mar a tha Gàidhlig a' cur ri iomadachd agus co-ionannachd.
- Tha luchd-obrach a' toirt taic do theaghlaichean gu math gus an làn-chòir aca air 1140 uairean-a-thìde a chleachdadh ann a bhith a' fàs fileanta ann an Gàidhlig. Tha iad ag obair gu h-èifeachdach ann a bhith a' dèiligeadh ri cnapan-starra sam bith a thaobh làthaireachd.

Mìneachadh air briathran a thaobh uiread

Thathar a' cleachdadh nam briathran coitcheann HMIE. K a thaobh uiread san aithisg seo mar a leanas:

Uile	100%
Cha mhòr a h-uile	91%-99%
A' mhòr-chuid	75%-90%
A' chuid as motha	50%-74%
Beag-chuid/nas lugha na an dàrna leth	15%-49%
Grunn	nas lugha na 15%

Far a bheilear a' cleachdadh bhriathran eile a thaobh uiread san aithisg seo, bu chòir an tuigsinn mar a thathar gan cleachdadh gu cumanta.

Às leth Àrd-neach-sgrùdaidh an Rìgh airson Foghlam ann an Alba.